Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release

Please scroll down for English Version

TAIC BHO MG ALBA AIRSON TÀLANT ÙR SNA MEADHANAN

13 An Dàmhair 2010

Tha MG ALBA a' brosnachadh tàlant ùr sna gnìomhachasan film agus telebhisein leis a' chiad thaisbeanadh an-diugh (Diciadain) den fhilm ùr 'An Seòladh' aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail ann an Gallaibh.

Is ann tron fharpais FilmG a fhuaireas lorg air tàlant an sgrìobhaiche-stiùiriche, Seònaid Dhòmhnallaich, a tha a' fuireach ann an Inbhir Nis.

Tha Seònaid air 'An Seòladh', film 10-mionaidean, a sgrìobhadh agus a stiùireadh le taic bho MG ALBA, às dèidh dhi duais 'Film as Fheàrr' le filmeadair ùr a ghleidheadh sa chiad fharpais FilmG a' bhon-uiridh le a film 'Oidhche Shathairne'.

Chaidh 'An Seòladh', mu dheidhinn tè òg a' tilleadh a Leòdhas a dh'fhuireach còmhla ri a pàrantan, a chlàradh as t-samhradh am bliadhna air bòrd bàt'-aiseig Chalmac, MV Isle of Lewis, agus thèid am film a chur a-steach airson fharpaisean film san dùthaich seo agus thall thairis.

Agus le taic-airgead MG ALBA, tha Seònaid cuideachd a' toirt ceum air adhart leis a cuid-sgrìobhaidhean, mar tè den dithis Ghaidheal air cùrsa ùr MA aig Oilthigh Caledonian Ghlaschu ann an sgrìobhadh airson telebhisean.

Tha Seònaid den bharail gun do dh'atharraich FilmG slighe a beatha. "Chan eil teagamh sam bith agam ach gu bheil mo bheatha gu tur eadar-dhealaichte bhon a fhuair mi an duais sa chiad fharpais FilmG," tha i ag ràdh. "Mura robh mi an sàs ann, cha bhiodh misneachd gu leòr agam airson an ceum seo a ghabhail. Ma tha duine sam bith eile a' smaoineachadh mu dheidhinn film a chur a-steach airson FilmG am bliadhna, bhithinn gam brosnachadh gus sin a dhèanamh."

Tha Seònaid air a bhith ag obair còmhla ri riochdaire Amanda Millen, a tha cuideachd na stiùiriche air Screen HI, a tha fo chùmhnant le Iomairt na Gaidhealtachd agus nan Eileanan. Tha Amanda, a b' àbhaist a bhith ag obair aig a' BhBC, ag ràdh: "Sa chiad dà bhliadhna

thàinig tòrr dhaoine tro na farpaisean FilmG aig an robh tàlant sònraichte, gu h-àraid air a' Ghaidhealtachd agus sna h-Eileanan. Tha Screen HI agus HIE toilichte a bhith ag obair còmhla ri MG ALBA agus FilmG, a' brosnachadh tàlant ùr agus a' toirt dhaoine air adhart dhan ath cheum sa ghnìomhachas chraolaidh phroifeiseanta. Bha e na thoileachas mòr dhomh a bhith an sàs anns a' chiad fhilm phroifeiseanta a rinn Seònaid. Tha FilmG a' fàs nas fheàrr a h-uile bliadhna 's tha an fharpais a-nis air a stèidheachadh mar thachartas film sònraichte, agus tha mi a' coimhead le fiughair ris na filmeadairean ùra a bhios an sàs anns an fharpais am bliadhna."

Thuirt Dòmhnall Caimbeul, Àrd Oifigear MG ALBA: "Tha FilmG ag amas air tàlant ùr a lorg agus a bhrosnachadh, ach chan eil ann ach a' chiad cheum. Tha an cùrsa MA aig Caledonian, agus na h-iomairtean trèanaidh eile dha bheil sinn a' cumail taic, a' toirt cothrom do sgrìobhadairean agus filmeadairean ùra eòlas a chur air a' ghnìomhachas agus tha iad a' cur ris an àireamh de dhaoine tàlantach a tha a dhìth airson filmichean agus pròraman Gàidhlig a dhèanamh. Tha e mar rùn daingeann aig MG ALBA a bhith a' cur air dòigh chothroman trèanaidh airson luchd-obrach nam meadhanan Gàidhlig, agus tha sinn air leth toilichte a bhith an sàs ann am pròiseactan mar seo le filmeadairean soirbheachail."

Is e FilmG an fharpais a th' aig MG ALBA airson fhilmichean goirid, a-nis ga ruith airson na treas bliadhna. Tha e fosgailte do dhuine sam bith thairis air aois 12 film a dhèanamh sa Ghàidhlig eadar trì agus còig mionaidean a dh'fhaide.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig www.filmg.co.uk.

www.gaidhlig.org.uk
Fòn: 01463 225 454

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release

MG ALBA SUPPORTS TRAINING FOR EMERGING TALENT IN GAELIC MEDIA

13 October 2010

MG ALBA, the Gaelic Media Service, today (Wednesday) praised up-and-coming talent in the screen industry at the film launch of 'An Seòladh' (The Journey) at the Royal National Mod, Caithness.

Promising young writer-director, Seònaid MacDonald, who lives in Inverness, has emerged as a result of MG ALBA's FilmG competition.

With the support from MG ALBA, Seònaid has written and directed a 10 minute film 'An Seòladh' (The Journey) on the back of gaining 'Best Film' in the new entrants category of the inaugural FilmG competition for her submission 'Oidhche Shathairne' (Saturday Night).

'An Seòladh', the story of a young island girl having to return home to Lewis to live with her parents, was filmed on board MV 'Isle of Lewis', one of Calmac's fleet of ferries earlier this year and is now to be entered into film festivals in the UK and internationally.

Having received an MG ALBA bursary, Seònaid is also taking her writing career a stage further, as one of the two Gaelic speakers now attending a new MA course in television fiction writing at Glasgow Caledonian University.

Seonaid believes that taking part in FilmG was a life changing experience for her. "There's no question that there's been a huge change in my life since I won the first FilmG," she said. "If I hadn't taken part, I don't believe I would ever have had the confidence to do what I'm doing now. I would urge anyone who is thinking of going in for it this year to do just that."

Seònaid has been working with Producer, Amanda Millen, who is also a Director of Screen HI, a contractor of Highlands and Islands Enterprise. Amanda, formerly of the BBC, said: "The first two years of FilmG produced an impressive array of talent, especially in the Highlands and Islands. Screen HI and HIE are delighted to be working with MG ALBA and

FilmG in nurturing new filmmaking talent and taking it to the next level of the professional broadcast industry.

"It has been exciting sharing in Seonaid's experience in making her first professional film. FilmG goes from strength to strength; it is now firmly part of the filmmaking landscape and I'm looking forward to another crop of talented new filmmakers from this year's competition."

Donald Campbell, Chief Executive of MG ALBA, said: "FilmG is about discovering and nurturing new talent, but that's just the first stage. The Caledonian MA course and other training initiatives which we are supporting, allow emerging writers and film-makers to gain experience in the industry and widen the pool of talent available for Gaelic content production. MG ALBA is committed to providing training for people working in the Gaelic media, and we are delighted to share in the success of new film-makers."

FilmG is MG ALBA's established Gaelic short film competition and is open to anyone over the age of 12, to make a three to five minute short film in Gaelic.

More information can be found at www.filmg.co.uk.